



6.5.

H.M. 66.

Tyloc 1212 / 60





F A I L T E

DO 'N

FHIOR UASAL IAIN F. CAIMBEUL ILE,

AIR DHA BHI 'N A CHEANN-SUIDHE

AIG COINNEAMH BHLIADHNAIL NAN ILEACH AN TALLA BAILE GHLASCHU,

Mios Deireannach an Fhogharaidh, 1878.

A SHAIR IONMHUINN AGUS OIRDHEARC,—

Tha Muinntir Ile a' cur fàilte oirbh an nochd! Agus tha iad uile a' guidhe slàinte, sonas agus fad làithean dhuibh féin agus do bhuill eile 'ur teaghlaich. 'S e dùrachd cridhe nam miltean aig an tigh agus thairis 'ur coinneachadh a ghlacadh 'ur làmh. briathran 'ur beòil a chluinntinn agus 'ur n-eudan faoilidh fhaicinn. Tha an gràdh iongantach so a' lionadh anam gach sean agus òg,—anam na h-aois le'n cuimhne sibh agus na h-òige nach fhaca sibh ach a fhuair 'ur n-ainm agus 'ur deadh chliù o na seann ràimh Ileach. Agus n'am biodh feum air mar ann an àm o shean cha bhiodh aon a b' urraian làmh a thogail nach leanadh sibh gu blàr is buaidh.

A nis anns na faicil so ceadaichibh dhuinn taingealachd lionta ar cridheachan a chur an céill air son gu'n deachaidh sibh uair eile a dh'amharc Ile, agus air son na h-onoir mhòir a chuir sibh oirnn le tighinn 'nar measg air an fheasgar so mar ar Ceann-feadhna. 'Se dùil chinnteach gach aon againn nach fhada gus am faicear sibh a ris. Tha an sealladh so dhìbh mar ghath soluis do ar n-anam a' toirt sgeula caoin dhuinn air an aimsir shona a dh'fhalbh. Riamh o'n thachair ann an cùrsa an Fhreasdail gu'n d'fhàg sibh féin agus an teaghlach mòr-chridheach, fialaidh agus maiseach d'am buin sibh ar n-eilean dùthchais bha suil nan Ileach 'n 'ur déigh,—'g 'ur leantuinn le gaol fìor màthar air nach tig aon chuid fannachadh no caochladh a chaoidh. Tha déine a' ghràidh so a' meudachadh le triall nam bliadhna. Agus gu dearbh 's math a dh'fheudas Gàidheil Ile uail a dheanadh ásaibh. Thàinig sibh o shìnnsearachd fhiaichail aig an robh an t-eilean fada mar shealbh agus anns an do thuinich iad le samhail glòir Rìgh nan eilean. Thàinig sibh o mhàthair is athair a sheas àrd ann an urram na rìgheachd. Tha e mar an ceudna cur gàirdeachais oirnn gu'm bheil buill eile 'ur teaghlaich,—maighdeannan àluinn Ile,—ann an càird phòsda ri àrd thriathan agus mhorairean na dùthcha, o thuineadh Sir Coinneach mu Thuath gu Caisteal Iarl Ghranbhil mu Dheas. Cha'n iad na daimhean so uile gidheadh, sònruichte agus onorach agus mar a ta iad annta féin, na freumhan o'm bheil ar déigh oirbhse agus air 'ur teaghlach a' fàs; ach na cliùthan agus na buadhan agus an caoimheas àrd-chridheach leis am bheil sibh air 'ur sgeadachadh. Is aithne dhuinn 'ur saothair phearsonta



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

féin ann an seirbhis an Ard-riaghlaidh agus na Banrigh'nnu; 'ur turuis an tìrean céin, troimh sheachd ranna ruadh an domhan, maille ris na leabhraichean sgiobalta, solusach a sgrìobh sibh air na ceàrnan ud; agus 'ur n-eòlas air feartan na cruinne a rannsaich sibh cho farsuinn. Ach mar Ilich 's mar Ghàidheil 's i 'n inbhe àrd air an d' ràinig sibh mar Sgoilear Gàilig is mò meas leinn.

Gheibh thu fàilte 'n tìr nan Gàidheal
'Se do bheatha 'n tìr nan Gall;
Nì gach triath riutsa comunn
Gheibh thu moladh 'n Ìrinn thall.

Ach cha'n ann am measg uile Ghàidheil na h-Alba agus na h-Eireann a mhàin a tha meas agus cliù agaibh. Tha siol a' Ghàidheil feadh an t-saoghail fharsuinn eòlach air 'ur n-ainm am measg nan Sgoilearan Gàilig is feàrr—na Manannaich is na Cìmrìch, na Gàidheil feadh na Roinn-Eòrpa agus iadsan a tha sgapte feadh ùr-threabhachas Bhreatuinn. 'S cha'n ann o Ghàidheil a mhàin a gheibh sibh éisdeachd ann an tagradh aobhar an dùthcha agus an càinain. Is ann le mòr mheas agus taing a tha sinn a' toirt so fainear. Ann a bhì toirt ar cùisean agus ar litreachas Gàilig fa chomhair an t-saoghail a bha roimhe so aineolach orra, agus dh'an robh iad mar nì nach fhìù agus 'nan gràin, chleachd sibhse an ciall, an tuigse fharsuinn, agus an geur bhreithneachadh sin a tha 'g' ar cliùthachadh air a leithid do dhòigh agus gu'n do ghlac sibh cluas agus aire na righeachd a thaobh fìor ghnè agus càinain a' Ghàidheil. Nì sinn, uime sin, uail às 'ur fòghlum Gàidhealach, cho mhath agus às an fhìor spiorad uasal a gheibh fàilte dhuibh ann an teach nan triath mar ann am bothan nam bochd. 'S i ghnè so a tharruing agus a tha gleidheachd dhuibh cridhe nan Ìleach, agus gràdh na Gàidhealtachd an coitcheannas. So an spiorad, mòrail, anmadail, dùthchasach, a nì 'ur n-ainmse 'na "SGEUL GAIDHEALACH" do linntibh ri teachd; a chumas e am beò-chuimhne nan Ìleach mar tha suinn na Féinne ann an eachdraidh ar cinneil; a bheir 'ur cliù sìos troimh raointean neo-bhàsmhoireachd eachdraidh ar dùthcha, 'nuair a bhios mòran do luchd-acraichean na Gàidhealtachd air an adhlachadh ann an cladh na dìchuimhn' 's na fuath, a chionn gu'n d'rinn iad an dìchioll 'nam mi-chneasdachd 's 'nam buirbe air na Gàidheil bhochda fhògradh 's a chaitheadh às; eadhon o Cheann Leòdhais gus an Roinn Ilich, 's o'n Charbh gu Maol Chinn-tìre, bidh sgeòil oirbh air son 'ur n-euchdan Gàidhealach, 'ur sgrùdadh 's 'ur costus mu'n Ghàilig,—sgeòil a lìonadh leabhar cho farsuinn ri fear nan ceud dàn agaibh féin, "LEABHAR NA FEINNE"; agus bidh mac-talla á com cuic na Gàilig, agus gu h-àraidh á creagan aosda Ìle, ag aithris 'ur n-ainm le taing air son gnìomh 'ur pinn agus bàigh 'ur cridhe a thaobh seann luchd-àiteachaidh na h-Alba agus cainnt bhinn bhlasda ar sinnsear. Agus cho fada 'sa chluinnear ceilearadh nan eun ann an coille fhàsgaich an Tìgh Bhàin; cho fad 'sa mhaireas ràn na Tràigh-Mòire, no bhriseas tonn air Tràigh-Langa; cho fad 'sa shnàmh a' gheallach os ceann Ghleann Phròraig, no dh' éireas a' ghrian air leitir chiall na Lanndaidh, bidh 'ur n-ainm agus 'ur cliù 'nan ceòl agus 'nan solus dhuinne agus dhoibhsan a thig 'nar déigh,—seadh, bidh cridhe nan Ìleach agaibh mar oighreachd nach urrainn a bhì air a ceannach le òr na cruinne.



